

Kristina MacDonald (P7) Gaelic School, Glasgow

A' Bhothag

Bha mi an sin, 'sa bhothaig, leam fhìn, nuair a thoisich e. Bha mi a' suidhe a' coimhead a mach an uinneag agus bha mi ag radh cho snog 'sa bha an oidhche. Ach beagan an deidh sin dh'fhàs e gu math dorcha.

Chuala mi fuaim, cho eagalach agus thionndaidh mi mun cuairt. Bha an t-uisge a' dòrtadh sìos. Dhùin mi mo shùilean agus dhùin mi na cuairtearan. Shìn mi sìos air mo leabaidh.

Bha am fuaim a' fàs nas àirde agus nas àirde! Choimhead mi a mach agus bha dealanaich san adhar agus tairneanach. Bha na sgothan cho dorcha ri poll. Bha fàileadh a' tighinn a steach. 'S e adhar blatha a bh'ann agus bha e gu math doirbh d' anail a tharraing.

Anns a' bhothag bha e gu math dorcha air sgath 's nach robh solais ann.

Shuidh mi an sin, mar luchag a' caoineadh.